

## Gnàth-shìde

Tha gnàth-shìde an t-saoghal ag atharrachadh gu luath.

Ann an Alba tha samhraidhean fionnar againn, geomhraidhean ciùin agus tha sileadh-uisge air a sgaoileadh thar na bliadhna. Tha eadar-dhealachaidhean sa ghnàth-shìde thar sgìrean cho math ri eadar-dhealachaidhean anns na ràithean.

## Staid

Thar na linn mu dheireadh, tha gnàth-shìde Alba air fàs nas blàithe, agus tha atharraichean ann am pátran sileadh-uisge a' ciallachadh gu bheil an samhradh nas tiorama agus an geomhradh nas fliuiche. Tha cuideachd barrachd uisge mòr againn.

Bho anmoch sna 1800an, tha àile agus cuantan an t-saoghal air fàs nas blàithe, chan eil uiread de shneachd no de dheigh ann, tha ère na mara air èirigh agus tha ère gasaichean an taigh-ghlainne san àile air a dhol am meud. Tha na th' ann de charbon dà-ogsaid air a dhol suas **40% bhon àm ro linn a' gnìomhachais, sa mhòr-chuid air sgàth a bhith a' losgadh connadh fosail.**

## Dùblain

Tha an dòigh sa bheil sinn beò ag adhbharachadh atharrachadh luath sa ghnàth-shìde. 'S ann bho na gnìomhachasan agus na pròiseasan ri bheil sinn an urra as mothà a tha gasaichean taigh-ghlainne a' dol mu sgaoil oir tha iad a' cur suas teòthachd na Talmhainn, agus tha atharrachadh an uair sin ann am pátrain na sìde.

Air sgàth nan gasaichean taigh-ghlainne a chaidh a leigeil mu sgaoil mar-thà san àile, chan urrainn dhuinn tuilleadh atharrachaидh sa ghnàth-shìde a sheachnad ge bith dè na thèid mu sgaoil san àm ri teachd. Ach feumaidh sinn sgaoileadh nan gasaichean taigh-ghlainne a lùghdachadh gus nach tig fiù 's barrachadh atharrachaيدh sa ghnàth-shìde.

Feumaidh sinn cuideachd ullachadh airson an tharrachachaيدh sa ghnàth-shìde nach urrainn dhuinn a sheachnad air sgàth na chaidh mu sgaoil roimhe. Chuir sin sinn air cursa sa bheil a' ghnàth-shìde ag atharrachadh.

## Freagairt

Tha Achd Atharrachadh na Gnàth-shìde (Alba) 2009 airson sgaoileadh gasaichean an taigh-ghlainne ann an Alba a ghearradh gu 80% de ère 1990 ann an 2050. Tha frèam gnìomha do dh'Alba san Achd gus nach bi uiread a' dol mu sgaoil agus gus fàs cleachdte ri gnàth-shìde ag atharrachadh.

Airson lùghdachadh a thoirt air sgaoileadh ghasaichean taigh-glainne agus airson tighinn suas ri gnàth-shìde a bhith ag atharrachadh, feumaidh sinn uile atharraichean a dhèanamh – gniomhachasan cho math ri daoine. Feumaidh cuid dhiubh sin a bhith mòr; mar eisimpleir, ag atharrachadh na dòigh sa bheil sinn a' cruthachadh dealan; bidh feadhainn eile beag, leithid a bhith faiceallach le dè na tha sinn a' cleachdadadh de lùth sna taighean againn no co-dhùnaidhean a nì sinn mu chòmhail.